

Saoghal Uair a bha siud
Ire 9

An dà fhuamhaire



Air aith-innse le Maru Dickinson • Dealbhan le Toni Goffe

Ainm:

Cuir an stòiridh ann an òrdugh

- _____ Latha bha siud thuirt Cuchulainn, "Thèid mi a dh'fhaicinn Fionn agus seallaidh mise dha cò as treasa san t-saoghal."
- _____ Thug Cuchulainn grèim às a' phaidh agus rinn fhiacan BRAG air na clachan. "Aobh, tha m' fhiacan goirt," dh' èigh e.
- _____ "Chan eil Fionn a-staigh," thuirt Seathag. "Thig a-steach agus fuirich gus an till e." Dh'iarr i air a' bheinn fhosgladh agus abhainn a lorg dhi.
- _____ "An tionndaidh thu an taigh mu chuairt gus nach cuir a' ghaoth às an teine?" dh'fhaighnich Seathag dha Cuchulainn.
- _____ Nuair a chuala Fionn gun robh Cuchulainn a' tighinn, chlisg e. Thuirt Seathag ris, "Greas ort! Leum a-steach dhan chreathail." Chaidh Fionn a-steach dhan chreathail.
- _____ Thug i am paidh le clachan ann dha Cuchulainn agus thug i am fear le rèiseidean ann dha Fionn.
- _____ "Bha siud doirbh," thuirt Cuchulainn an uair a thionndaidh e a' bheinn mu chuairt. "Feumaidh gu bheil Fionn uabhasach làidir."
- _____ Choisich Cuchulainn suas gu taigh Fhinn. Dh'èigh e air Fionn thighinn a-mach ach thuirt Seathag nach robh e a-staigh.
- _____ Rinn Seathag dà phaidh. Chuir i rèiseidean ann an aon dhiubh agus chuir i clachan anns an fhear eile.
- _____ Thionndaidh Cuchulainn an taigh mu chuairt. "Feumaidh gu bheil Fionn uabhasach làidir," thuirt e.



An Dà Fhuamhaire

Sgil: A' cur stòiridh an òrdugh

Ainm:

**Tagh na buadhairean agus na h-abairtean
freagarrach dha gach fuamhaire.**

mòr	measaill air a' ghàrradh	math air cleasachd		
làidir	àrd	trom	gleusta	phutadh e na sgòthan
			math air snàmh	luath

Fionn



Cuchulainn



Nis sgrìobh beagan mu chomasan agus nàdar gach fuamhaire.

Fionn: _____

Cuchulainn: _____

An Dà Fhuamhaire

Sgil: A' dèanamh cunntas air caractaran

Ainm:

Bha neart falaichte ann an lùdaig bhig Chuchulainn.

Leig ort gu bheil comas falaichte agad fhèin. Innis dè an comas a tha ann.
Thoir cunntas air na diofar dhòighean anns am bi sin na chuideachadh dhut.



An Dà Fhuamhaire

Sgil: Sgrìobhadh macmeanmnach

Ainm:

Gliocas no neart?

- 1) Smaoinich air buadhairean a tha freagarrach dha Seathag.

- 2) Tha gliocas nas fheumaile no nas treasa na neart.

Dè do bheachd air a sin anns an stòiridh seo?

- 3) Smaoinich fhèin air plana ùr airson a' char a thoirt à Cuchulainn.

Dèan liosta dhe na rudan a chuireadh tu dhan phlana gus a char a thoirt à Cuchulainn agus Fionn a chumail sàbhailte.

- a) _____
- b) _____
- c) _____
- d) _____

An Dà Fhuamhaire

Sgil: Deasbad an e gliocas as fheumaile na neart